



SGEULACHD IAIN F MHICLEÒID

Thurchair dhòmhsa e bhith nam inntinn an loidhne thoirt leam na mo làimh, 's leum mi mach air a deireadh airson feuchainn ri faighinn air tìr, 's cha robh dùil a'm gun robh a' chreag cho doirbh 's a bha i. Ach nuair a ràinig mi 'n toiseach bha chreag os mo chionn 's thug sùghadh na mara mach air ais mi. Agus nam bithinn air bualadh ri aghaidh na creig cha robh càil air mo shon. 'S chaidh mi an uair sin na b' fhaide air falbh ann an sùghadh na mara na bha mi bho toiseach, agus nuair a chaidh trì suailichean mòra seachad – an tritheamh tè, dh'fhalbh mi roimhpe 's bha mi na bàrr gus na chrìochnaich i leam air uachdar na stalla, an stalla gus an deach mi bho toiseach; 's chaidh mo bhroilleach a bhualadh suas oirre ann a sin. Sin mar a fhuair mis' air tìr, agus ghlèidh mi loidhne fad na tìde. Agus nuair a fhuair mi suas ann a sin, 's am muir air a dhol sìos seachad orm, shuidh mi ann a sin gus an tàinig aon cheathrar air tìr air an loidhne chaol sin; gun do dh'èigh mi gun robh i ro ghoirid 's ro chaol, nach dèanadh i chùis – iad ròpa garbh a chur oirre. Chaidh ròpa a chur oirr' an uair sin. Thàinig an còrr air tìr air an ròpa sin.

A' chiad duine a thàinig air tìr air an loidhne, 's e fear Iain Moraidh bha a' fuireach air a' Bhac... Tha cuimhn' agam glè mhath nuair a thàinig e air tìr an toiseach... chuir e a dhà làimh mu m' amhaich 's mi na mo shuidhe.